

[Cover]

## Lèirmheas 2015

[page one]

### **Bliadhna de dh'adhartas mòr**

Tha sinn air an t-uamhas a dhèanamh thar nam bliadhnachan a dh'fhalbh. Tha an Taigh-Tasgaidh Nàiseanta ùr le cliù mar aon de na taighean-tasgaidh as fheàrr san t-saoghal; a' tarraing mhiltean mòra de luchd-tadhail à Alba is bho thall thairis.

Thathas air na cruinneachaidhean againn a neartachadh ann an cuid dhe na prìomh roinnean san Taigh-thasgaidh.

Tha sinn a' cumail oirrn a' cur ri gach aon de ar taighean-tasgaidh le prògram innleachdach de thachartasan agus thaisbeanaidhean, a' tarraing barrachd dhaoine. Tha ar taighean-tasgaidh nan dachaigh dha dh'àireamh mhòr de thasgaidhean a tha cudromach aig ìre eadar-nàiseanta, le còrr is 12 mhillean tasgaidhean a' ruith thar mhiltean de bhliadhnachan. Còmhla, tha na tasgaidhean seo ag innse sgeulachd ar dualchais a thaobh eachdraidh, cultar agus nàdar. Tha e na urram mòr dhuinn a bhith an urra ris na tasgaidhean seo agus a bhith gan taisbeanadh dha muinntir na h-Alba agus do sluagh mòr an t-saoghail.

Tha sinn beò ann an àrainneachd ionmhais a tha dùbhlach, le sreangan sporan maoinachadh an Riaghaltais air an tarraing gu teann. Tha sinn, a dh'aindeoin seo, le planaichean àrd-amasach, le fòcas ga chur air sireadh maoinachadh bho àitean eile agus air caitheamh gach sgillinn a th' againn ann am modh a tha cho èifeachdach 's as ghabhas. Tha an taic bho bharrachd is barrachd luchd-taice air a bhith fìor chudromach dhuinn is sinn air a bhith a' gabhail cheumannan mòra air adhart bho chionn goirid. Tha an t-airgead seo a' toirt dhuinn cothrom air obair-leasachaidh mòr, innleachadh a dhèanamh.

Tha sinn a' dol air adhart chun nan ath-cheumannan den phlana mhòr £80m airson Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Tha sinn, ann an 2016, a' fosgladh deich gailearaidhean ùra de ar cruinneachaidhean saidheans is teicneolais, ealainean sgeadachaidh, dealbhachaidh agus fasain. Às dèidh seo, thèid dà ghailearaidh eile fhosgladh stèidhte air ar cruinneachaidhean air an Èipheit arsaidh agus Àisia an Ear.

Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, tha sinn ri obair leasachaidh mòr air an togalach is na taisbeanaidhean aig an làraich chudromaich eachdraidheil seo. Tha sinn ag ùrachadh dà hangar bhon Dàrna Chogadh a' taisbeanadh chruinneachaidhean beòthail, tarraingeach itealaich. Ràinig sinn clach-mhìle mhòr am bliadhna le fosgladh ionad ùr £12m aig Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Tha obair-dealbhachaidh an togalaich seo air a bhith na cheum mòr air adhart a thaobh na dòigh sa bheil sinn a' stòradh is a' cleachdadh nan Cruinneachaidhean Nàiseanta agus gan taisbeanadh don phoball. Tha an t-ionad ùr seo a' toirt dachaigh do chòrr is deich millean tasgaidhean, ann an àrainneachd a fhreagras air cumail nan nithean fhèin an staid sheasmhach dha luchd-rannsachaidh, buidhnean sònraichte agus dha luchd-obrach an sàs ann an cruthachadh

thaisbeanaidhean agus phrògraman eile. Tha e air mòran luchd-rannsachaidh a tharraing mar-thà bho air feadh na cruinne.

Tha sinn fhathast a' roinneadh ar cruinneachaidhean le buidhnean eile taobh a-muigh ar taighean-tasgaidh, eadar iasadan, taisbeanaidhean air tursan, pròiseactan le farsaingeachd choimhearsnachdan an Alba agus a-null thairis, agus stuthan innleachdach didseatach uile a' toirt dhuinn cothroman air roinneadh ar beartas chruinneachaidhean. Tha sinn ri obair ùr an co-bhuinn ri oilthighean, taighean-tasgaidh agus grunn bhuidhnean eile a tha a' dèanamh leasachadh agus neartachadh air ar n-obair.

Le tabhartasan-airgid mòra, taic bho bhuidhnean com-pàirteachais agus leis an obair mhòir a rinneadh le luchd-taice agus le saor-thoilich tha e comasach dhuinn tachartasan agus pròiseactan a chruthachadh is a' libhrigeadh nach gabhadh a thoirt air adhart às an aonais - tha sinn fada an comain an fiadhlaidheachd agus bu mhath leinn fàilte a chur orra a dh'fhuireach còmhla rinn nar slighe air adhart.

Bu mhath leinn cuideachd, ge-tà, taing a thoirt do gach aon de ar luchd-obrach is mar a chuir iad ri obair leasachaidh mòr nan taighean-tasgaidh; agus iad cho innleachdadh, dìcheallach, dòigheil agus dioghrasach.

[Page 2]

### **Ag Ùrachadh an Taigh'-thasgaidh Nàiseanta**

Ann an 2011 fhosgail Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba às dèidh obair mhòr ùrachaidh ga dèanamh air pàirt dheth. Le ceithir bliadhna agus seachd millean luchd-tadhail bhon uair sin, 's e a-nise an taigh-tasgaidh leis an àireimh luchd-tadhail as motha taobh a-muigh Lunnainn. Tha obair-ùrachaidh an taigh'-thasgaidh a' dol air adhart aig astar, leis an ath cheum den phlana-leasachaidh £80m ga chur an sàs an-dràsta. Às an obair seo thig deich gailearaidhean ùra iongantach a' taisbeanadh chruinneachaidhean le cudrom eadar-nàiseanta air saidheans is teicneolas, ealain sgeadachaidh, fasan agus dealbhachaidh.

Thathas air adhartas mòr fhaicinn sa phròiseact thar na bliadhna a chaidh seachad, le obair chùramach a' tachairt a thaobh gleidheadh, deasachadh mhiltean de thasgaidhean agus deireadh na obrach togail; a' gabhail a-steach na h-obrach-leasachaidh a rinneadh air an uinneig mhullaich mhòir an ceann an iar an togalaich Bhictorianaich seo.

Tha sreath innleachdach de *digital interactives* ga cruthachadh airson nan taisbeanaidhean ùra, le pìodhlatan gan feuchainn le luchd-tadhail an taigh'-thasgaidh.

Thathas cuideachd air nithean ùra, iongantach a cheannach, leithid *Capra*, pìos ealain àraidh glainne a rinneadh le Pablo Picasso, agus còig iomhaighean iomhagach bho dheireadh na 17mh linn a rinneadh leis an t-snaidheadair Huguenot Dàibhidh Le Marchand. Chaidh na h-iomhaighean a cheannach le taic bhon Mhaoin Ealain agus bho Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Gheibh ar gailearaidhean Saidheans agus Teicneòlas buannachd mòr às *copper accelerating cavity* (san dealbh) a thugadh seachad le CERN (buidheann Eòrpach airson Rannsachadh Niùclasach) bhon *Large Electron-Positron (LEP) collider*. B' e an LEP a bha ann mas deach an Large Hadron Collider a chruthachadh gus dearbhadh an robh a' bhloigheag *Higgs boson* idir ann.

A' coimhead air adhart, tha dà ghailearaidh ùr air cultaran an t-saoghail gan cruthachadh gus coimhead ri dà àm chudromach ann an eachdraidh an t-saoghail is a mhuinntir: Àn Èipheit arsaidh agus cultaran mòra Àisia an Ear – Sìona, Iapan agus Coirèa. Le tasgaidhean a bhios am measg an fheadhainn as fheàrr san t-saoghal, thèid fàilte a chur air luchd-tadhail a rannsachadh na tha aithniche agus neo-aithnichte. Thathas a' meas gun cosg an ceum fa dheireadh dhen phlana mhòr seo £3m.

Tha luchd-taice, luchd-tabhartais agus luchd-tadhail air a bhith air leth cudromach nar slighe chum ath-nuadhachaidh, agus tha sinn fada, fada nan comain.

[Page 7]

### **A' falbh air iteig**

Thar na bliadhna a chaidh seachad, thathas air obair mhòr a dhèanamh ag ùrachadh dà hangar eachdraidheil aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Thathas air grunn itealan a chur ann an togalach mòr eadar-amail chum ùrachadh a dhèanamh air na hangaran seo bhon Dàrna Chogadh agus airson na h-itealain fhèin a ghlanadh.

Nuair a thèid na hangaran fhosgladh às ùr bidh siostaman teasachaidh ann airson a' chiad turais riamh, a' cleachdadh teas na talmhainn. Le àrainneachd a tha tòrr nas fheàrr agus nas fhreagarraiche bidh e comasach nithean iongantach a thaisbeanadh don phoball 'son na ciad uaireach. A bharrachd air itealain, einnseanan is ionnsramaidean, bidh cothrom aig luchd-tadhail air èididhean, tasglannan agus dealbhan-camara fhaicinn, a' toirt còrr is ceud bliadhna de dh'eachdraidh nan itealan beò.

Tha sinn cuideachd a' toirt leasachadh mòr air an àite dha luchd-tadhail ann an dòighean ùra, innleachdach. Thèid eachdraidh nan itealan a toirt beò tro thaisbeanaidhean ùra le bhideo agus fuaim agus tro eadar-mhìneachadh didseatach. Tro chuimhneachan agus eachdraidh phearsanta an fheadhainn a bha ag obair ann bho shean, bidh cothrom againn aig na sgeulachdan is seanchas aca thoirt beò do luchd-tadhail.

B' i tè dhe na sgeulachdan a b' annasaiche ach sgeulachd Caipitean Eric Brown CBE, fear aig an robh barrachd mheidealan-àirm na pileat eile sam bith. Bha Caipitean Brown na phileat sa Messerschmitt Me 163B-1a Komet againn air 10 Ògmhios 1945 às dèidh dha a ghlacadh sa Ghearmailt aig deireadh a' chogaidh. Tha Caipitean Brown, a rugadh an Alba, air 487 diofar seòrsa itealan a stiùireadh – barrachd na duine sam bith a-riamh. Tha e air 2,407 itealain a thoirt gu laighe air longan-itealan, air Hermann Göring a cheasnachadh, agus b' e fear dhe na ciad bhall-seirbheise aig a' champa phrìosain Bergen-Belsen

Thathas an dùil gum bi am pròiseact £3.6m seo, a fhuair taic bho Riaghaltas na h-Alba, bho Mhaoin a' Chrannchuir Nàiseanta, Urras Robertson, Urras MacRobert agus bho Viridor Credits, deiseil an 2016. Bidh turas chun an taigh'-thasgaidh seo na thuras air leth, le piseach ga thoirt air a chliù mar fhear dhe na taighean-tasgaidh as fheàrr san Roinn Eòrpa.

[Page 8]

### **Ionad Cruinneachadh nan Taighean-tasgaidh**

'S iad glèidheadh, rannsachadh agus fosgladh thasgaidhean don phoball a tha aig cridhe ar n-obrach. Le goireas ùr stòradh is rannsachaidh - air a mhaoineachadh gu fialaidh le Riaghaltas na h-Alba - tha cruinneachaidhean cudromach air an toirt còmhla air aon làraich airson na ciad uaireach aig Ionad Cruinneachadh nan Taighean-tasgaidh an ceann a tuath Dhùn Èideann.

Tha an t-ionad ùr-nodha £12m seo a' toirt dachaigh do dheich millean tasgaidhean, bhon daolaig bhig *Nephanes titan* gu claigeann muc-mhara sa bheil meud 5.2 meatair. Chaidh nithean bho ar cruinneachaidhean eachdraidh Albannach, àrc-eòlas agus na saidheansan nàdarra a thoirt a-null – le cùram mòr – gu dachaigh ùr de dh'àrainneachd fìor fhreagarrach.

Tha slighean-inntrighidh a' toirt cothrom air glanadh èifeachdach agus dìon bho phlàighean, le caitheamh lùths ga chumail aig ìre fìor ìosal tro ionsulaideadh air leth èifeachdach. Tha cuideachd ceàrnaidhean sònraichte dha tasgaidhean a tha feumach air cùram mòr, leithid obair-meatailt a lorgas le àrc-eòlaichean. Tha an togalach a' toirt cothrom nas fheàrr air faighinn chun nan cruinneachaidhean fhèin, rud a tha feumail dha-rìribh do luchd-rannsachaidh agus bhuidhnean speisealtach. Tha obair-lannan rannsachaidh agus gleidhidh a' tabhainn suidheachadh air leth airson rannsachadh agus tha na beingean-obrach ùra le plugaichean dàta agus cumhachd a' dèanamh gnothaichean nas fhasa airson tasgaidhean a thoirt a-mach agus a rannsachadh gu mionaideach. Bha prògram mòr ann mas do thachair an gluasad a' cur chruinneachaidhean ann an òrdugh ceart agus tha seo air ciallachadh gu bheil an t-ionad ga chleachdadh gu fìor èifeachdach agus gu bheil na gnothaichean ann an òrdugh a tha gu barrachd ciall.

Airson fiosrachadh a bharrachd [www.nms.ac.uk/collectioncentre](http://www.nms.ac.uk/collectioncentre)

### **[page 9, stats]**

Ann an 2014-15, chuir sinn fàilte air 2.3 millean luchd-tadhail gu làraichean Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

1.6 millean luchd-tadhail gu Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

84,000 a' tadhail air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail

55,500 sgoilearan a' tadhail air ar taighean-tasgaidh

15,500 an làthair aig an taisbeanadh-itealaich aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealach – an àireamh as motha a-riamh

30,000 aig tachartasan mar phàirt de dh'Fheis Saidheans Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann

51% de luchd-tadhail bho Alba fhèin, 15% bhon chòrr de Bhreatainn agus 34% bho thall thairis

597,000 a' tadhail air Taigh-tasgaidh Nàiseanta Cogaidh

72,000 a' tadhail air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich

[Page 10-11]

### **Taisbeanaidhean Brosnachail**

#### ***Game Masters***

Le còrr is ceud geamannan a ghabhadh cluich, bha *Game Masters* fear dhe na taisbeanaidhean a b' innleachdaiche agus a tarraingiche a bh' againn a-riamh. Bha an taisbeanadh a' coimhead ri eachdraidh nan geamannan coimpiutair bho arcade gu console gu innealan làimhe, le geamannan coimpiutair a' dol bho mhargaidh glè bheag gu gnìomhachas mòr air feadh an t-saoghail.

Chaidh barrachd aire a tharraing chun an taisbeanaidh tro phrògram innleachdach de thachartasan a' gabhail a-steach òraidean agus deasbadan air an toirt seachad le eòlaichean a' gnìomhachais, luchd-dealbhachaidh agus luchd-dealbhadh nan geamannan. Thug an taisbeanadh a-steach luchd-tadhail òg, mòran dhiubh nach robh air tadhail air an taigh-thasgaidh ron a seo.

#### ***Dealbhan Camara: longantas Bhictorianach***

Tha an cruinneachadh mòr dhealbhan-camara stèidhte air togail dhealbhan camara san dàrna leth den 19mh linn - cleachdadh ùr ris an robh mòran aig an àm – a' coimhead ri mar a bha dealbhadairean camara adhartach ga chleachdadh airson dealbhadh agus clàradh an t-saoghail aca.

Le filmichean, stuthan eadar-gnìomhach agus sgrionaichean *touchscreen*, tha an taisbeanadh a' coimhead ri eachdraidh nan dealbhadairean camara a b' adhartach - a' gabhail a-steach nan ciad *stereographs* a rinneadh airson an taisbeanaidh mhòr an 1851 - agus ri rudan air an robh *cartes-de-visite* rudan air an robh fèill mhòr aig an àm.

#### ***Blàr Bhatarlù: Às dèidh a' Bhatail***

Rinn Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba comharrachadh air dà chiad bhliadhna bho Bhlàr Bhatarlù le dà bhrataich iolaire Fhrangach a ghlacadh anns a' Bhlàr.

Chaidh Iolaire a' 45mh airm-choise Fhrangaich a ghlacadh le Sairdseant Teàrlach aig àm a' Bhlàir. Chaidh a toirt chun an taigh'-thasgaidh bho dhachaigh aig Caisteal Dhùn Èideann. Chaidh a cur maille ri Iolaire air bratach an 105mh airm-choise Fhrangaich, a ghlacadh leis an Arm-eachraidh Rìoghail (*Royal Dragoons*). B' e a tachartas a bha seo a ghlac aire agus inntinn a h-uile duine a chunnaich e

### **Fully Fashioned: Eachdraidh na companaidh Albannaich Pringle**

A' comharrachadh dà cheud bhliadhna bhon chaidh a' chompanaidh Pringle a steidheachadh, rinn an taisbeanadh fasain seo inneas air sgeulachd gnìomhachais bheag osanachd a bha stèidhte an Hamhaig agus mar a dh'èirich i gu bhith na companaidh mhòr aodaich eadar-nàiseanta. Le ro-shealladh air an taisbeanadh aig Seachdain Fasain Lunnainn, bha cothrom againn ar n-inbhe a togail am measg dhaoine ùra mas do dh'fhosgail an gailearaidh fasain sònraichte aig Taigh-Tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

### **Càirdeas ('Next of Kin')**

Tha an taisbeanadh siùbhlach *Next of Kin* na fhìor phròiseact cuimhneachaidh nàiseanta a' comharrachadh ceud bliadhna bhon Chogadh Mhòr, a' toirt sgeulachdan nàiseanta agus ionadail còmhla aig gach aon de na naoi làraichean air feadh Alba.

Tha an stuth air iasad bho na Taighean-tasgaidh Nàiseanta a' coimhead gu dlùth ri ochd sgeulachdan fa leth a tha a' dèanamh inneas air buaidh a' Chogaidh air luchd an airm agus air na teaghlaichean aca aig an taigh ann an Alba.

Tha na naoi làraichean a' cur barrachd stuthan ris an taisbeanadh, le eachdraidh a bhuineas do na sgìrean aca fhèin. Thèid an eachdraidh ionadail seo a ghlacadh agus a ghlèidheil air taisbeanaidhean agus mar ghoireas air-loidhne.

Tha an turas, bho 21 Màrt 2015 gu 20 Cèitean 2017, le tasgaidhean sa 's urrainn do luchd-tadhail làimseachadh, le goireasan didseatach, còmhdaigh ri fhaighinn aig prìsean ìosal, tachartasan agus trèanadh. Bidh an taisbeanadh le dìleab dha taighean-tasgaidh air feadh Alba.

Tadhlaidh an taisbeanadh, a tha a' ruith bho 21 Màrt 2015 gu 20 Cèitean 2017, air Taigh-tasgaidh Dhùn Phris, Taigh-tasgaidh *Low Parks* ann an Lannraig a Deas, Taigh-tasgaidh Chòmhdhail Roinn a' Mhonaidh, Taigh-tasgaidh is Gailearaidh Inbhir Nis, Gailearaidh *Swanson* an Inbhir Theòrsa, Taigh-tasgaidh agus Gailearaidh Pheairt (ann an co-bhuinn ris an Freiceadan Dubh) agus Taigh-tasgaidh Arcaibh.

Tha taic ga toirt don turas le Maoin a' Chrannchuir Nàiseanta agus le Riaghaltas na h-Alba.

### **Indian Encounters**

Tha *Indian Encounters* a' coimhead ris na dàimhean eadar Breatannaich agus na h-Innseanaich tro shùilean dithis ris na thachair gnothaichean a bha gu tùr diofraichte: fear Maharaja Duleep Singh agus Captain GillEasbaig Swinton.

Tha sgeulachd nan daoine seo ga h-innse tro chruinneachadh àlainn de sheudraidh bhon 19mh linn agus tro dhealbhan Innseanach bhon 18mh a' sealltainn cho beartach agus àrd-inbheach 's a bha iad.

Mar phàirt den taisbeanadh, bha an dealbh ùr *Casualty of War: A Portrait of Maharaja Duleep Singh* a chaidh a choimiseanadh bhon charaid Bhreatannach *The Singh Twins*.

[Page 12-13]

### **Barrachd Ruigse ('Broadening our reach')**

Tha e na rud bunaitheach do ar n-obair gun toir sinn buaidh a tha a' dol thairis air ballachan nan taighean-tasgaidh fhèin. Is e ar n-amas gun toirear cùram do, agus leasachadh agus roinneadh air, ar cruinneachaidhean chum maith na dùthcha, aig ìre nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha seo ga choileanadh tro iasadan agus tro obair chom-pàirteachail an co-bhuinn ri iomadh diofar bhuidhnean agus choimhearsnachdan, trèanadh dha co-obrachaidhean, agus tro bharrachd ghoireasan didseatach gan toirt a-steach dhan obair againn. Tha e cuideachd na phàirt den obair againn gun dèan sinn obair shònraichte le daoine nach eil dualtach tadhail air na taighean-tasgaidh againn; le gach roinn den choimhearsnachd air fad, a' gabhail a-steach dhaoine le anacothroman.

### **A' Coimhead air na Ceiltich**

A-mach às Com-pàirteachas ùr-ghnathaichte le Taigh-tasgaidh Bhreatainn tha a-nise a' chiad taisbeanadh mòr Breatannach air na Ceilteach airson dà fhichead bliadhna.

Air a dhèanamh ann an co-bhuinn ri, agus a' cleachdadh eòlas agus chruinneachaidhean bhon, da thaigh-thasgaidh cho math ri iasadan eadar-nàiseanta, 's ann a dh'fhosgail *Celts* aig Taigh-tasgaidh Bhreatainn air 24 Sultain 2015. Bidh e a' tighinn gu Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air 10 Màrt - 25 Sultain 2016 le taic fhialaidh bho Baillie Gifford Investment Managers.

### **Com-pàirteachasan Làidir**

Tha ar n-obair ann an co-bhuinn ri Comann Rìoghail *Zoological* na h-Alba agus ri Gàraidhean Botanaig Rìoghail Dhùn Èideann air a thoirt dhuinn grunn phròiseactan co-obrachail air feadh farsaingeachd mhòr de roinnean; bho ath-ùrachadh àrainnean dha pandathan fiadhaich gu roinneadh eòlas a thaobh *genetics*, obair-ghlèidhidh agus air obair chum stad a chur air crìonadh nan cat fiadhaich.

Tha a-nise na trì buidhnean seo air ainm a chur ri meòrachan de thuigse, le bun-stèidh airson barrachd obrach eadar na diofar bhuidhnean seo a chum maith dualchas nàdarra agus cultarail na h-Alba.

### **Daoine Òga**

Tha sinn a-nise sa ceathramh bhliadhna de ar com-pàirteachas le Impact Arts; a' brosnachadh dhaoine òga tro ar cruinneachaidhean chum a dhol an sàs an ceòl, ealain agus cluich air àrd-ùrlar.

Gu seo, tha 250 daoine òga air buannachd fhaighinn às a’ phroiseact, pròiseact a tha a’ faighinn taic tro Young Roots aig a’ Chrannchur Nàiseanta. Tha sinn an-dràsta ag obair le fichead neach sa *Young Sikh Leaders Network* an Glaschu agus am pròiseact *Gurdwara on the Panjab Connections*. Tha na daoine Sikh a’ cleachdadh film agus dhealbhan-camara is iad a’ dèanamh agallamhan len co-aoisean agus le daoine nas sine ann an coimhearsnachd Sikh na h-Alba.

### **Daoine le autism**

Mar phàirt de dh’iomairt nas fharsaing a’ toirt piseach air goireasan dha daoine a tha a’ fulang le autism, chuir sinn tachartas air dòigh a thug cothrom do chòrr is leth-cheud daoine òga aig a bheil *autism* ach am faigheadh iad chun an taisbeanaidh *Game Masters* còmhla rin teaghlaichean agus luchd-taice. Fhuair sinn taic mu choinneamh seo tron Mhaoin Autism aig Riaghaltas na h-Alba.

### **Seann Daoine**

Tha sinn an sàs ann an farsaingeachd mhòr obrach le seann daoine. Tha sinn, mar eisimpleir, ri obair leantainneach le *Contact the Elderly* ach am faigh seann daoine cothrom air tadhail air na làraichean againn. Tha luchd-tadhail nas sine na ceithir fichead bliadhna dh’aois le neach-taice saor-thoileach a thèid chun nan taighean-tasgaidh còmhla riutha.

### **Teaghlaichean**

Bha ar prògram samhraidh teaghlaich an 2015 air leth soirbheachail le còrr is 18,000 a’ tadhail oirnn – fhuair am prògram taic bhon *People’s Postcode Lottery*.

Tha sinn a’ cumail oirnn nar n-obair le *Dads Rock*, buidheann a tha a’ toirt brosnachadh dha athraichean, seanairean agus luchd-cùraim fireann eile is iad a’ leasachadh an cuid sgilean mar phàrantan is luchd-cùraim. Mar phàirt den iomairt seo, bha còrr is 1,500 daoine an sàs an sreath de thachartasan air Là nan Athraichean aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Ag obair maille ri buidhnean ionnsachaidh theaghlaichean, Ospadal Rìoghail do Chlann Tinn agus le Seirbheis Slàinte Inntinn dha Clann agus Deugairean, le taic ga toirt do theaghlaichean fo thrioblaid. Tha am pròiseact ag amas air toirt barrachd misneachd do - agus air neartachadh dhàimhean am measg - theaghlaichean.

### **Iasadan Thasgaidhean**

Chaidh 2,600 tasgaidhean a-mach air iasad gu taighean-tasgaidh eile am bliadhna; gu taighean-tasgaidh an Alba, am Breatainn agus dùthchannan eile.

Fhuair Museum nan Eilean an Steòrnabhagh buannachd mhòr às a’ phrògram iasadan. Nuair a dh’fhosgla an taigh-tasgaidh an 2016, bidh cha mhòr an treas cuid de thasgaidhean a bhios ri fhaicinn air an tighinn bhon Taigh-thasgaidh Nàiseanta.

### **A’ brosnachadh phrògraman poblach**

Fhuair 192,600 daoine, a’ gabhail a-steach còrr is 55,500 sgoilearan, cothrom air pàirt a ghabhail ann an cothroman ionnsachaidh air feadh ar taighean-tasgaidh.



Bha diofar rudan a' dol leithid snìomh clòimhe aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail agus tachartasan a' sealltainn mar a bha an inneal fuasglaidh *Engima* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich.

Bha, am bliadhna, taisbeanadh adhair ann aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich, le còrr is 15,500 an làithair a' gabhail tlachd mhòr às itealaich nan *Red Arrows*.

[Page 14]

### **Prìomhachasan Ùra**

Tha sinn an-dràsta an sàs ann an cruthachadh bhuidhnean a bhios a fhreagras air dùbhlain an ama ri teach. Tha sinn a' cruthachadh Plana Ro-innleachdail ùr airson nan ath cheithir bliadhna an co-bhuinn ri luchd-obrach. Bheiridh am ro-innleachd seo dhuinn stiùireadh soilleir air an t-slighe air adhart don bhuidhinn, a' toirt taic do cheudan luchd-obrach agus saor-thoilich is iad ag obair còmhla chum nan aon amasan agus a' sgaoileadh fiosrachadh mar n-amasan do bhuidhnean eile agus don phoball.

Bha toraidhean an rannsachaidh air luchd-obrach a chumadh bho chionn goirid gu math togarrach, le toileachas-obrach, pròis agus tagrachd aig an ìre a b' àirde a-riamh bhon thòisich na ceistean gan cur an 2005. Bha an ìre de thoileachas na b' àirde na an àbhaist am measg bhuidhnean poblach eile.

Chumadh sreath de 'bhuidhnean èisteachd' le luchd-obrach bho air feadh na buidhne, a thug dhuinn cothrom air rannsachadh a dhèanamh chum leasachadh an cuid de roinnean. Bidh na seiseanan seo air leth feumail an deasachadh agus cruthachadh plana-gnìomha a nì leasachadh air conaltraidhean le luchd-obrach bho air feadh Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

### **A' dol didseatach**

Tha e gu math cudromach dhuinn, nar slighe air adhart, gun tèid ar cruinneachaidhean a chur an cruth didseatach; a' toirt cothrom do dhaoine air feadh an t-saoghail air na tasgaidhean againn fhaicinn. Chuir sinn 4,995 tasgaidhean an cruth didseatach am bliadhna, a' toirt àireamh nan tasgaidhean didseatach suas gu 27,000 – suas 23% air an-uiridh.

Tha ar làrach-lìn ag obair gu math air coimpiutairean àbhaisteach agus air innealan làimhe, a' tarraing 25% a bharrachd luchd-tadhail gach bliadhna. Tha am blog ùr againn na fhòram beòthail airson sgeulachdan eadar-dhealaichte agus seallaidhean a-steach air cùl nan cùrtair. Tha cuideachd fàs mòr a' tighinn air an àireimh de shianalan nam meadhanan sòisealta, a' toirt barrachd is barrachd dhaoine an sàs nar n-obair ann an dòighean ùra.

Tha wi-fi an-asgaidh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air ciallachadh gu bheil barrachd chothroman air faighinn gu ar goireasan air-loidhne. Le maoineachadh tron iomairt *Connected Capital* aig Riaghaltas na h-Alba, tha a-nise 15,000 duine a' cleachdadh nan seirbheisean wi-fi seo a h-uile mìos.

## Seasmhachd

Tha ar rùn a thaobh seasmhachd fhathast aig cridhe ar n-obrach chum sàbhaladh airgid aig na diofar làraichean againn, agus tha obair mhòr a' dol air adhart gus caochladh diofar seòrsa teachd-a-steach a bhith againn agus sinn a' toirt a h-uile feum às na goireasan a th' againn.

Tha sinn air adhartas mòr a dhèanamh am bliadhna a dh'ionnsaigh ar n-amasan 2020 chum seasmhachd thar an ama ri teachd. Tha sinn a' gabhail cheumannan chum lughdachadh 15% a dhèanamh air leigeil CO<sub>2</sub> ma sgaoil san àrainneachd. Tha ro-innleachdan eile gan cur an gnìomh chum lughdachadh ana-chaitheamh, le coimpiutairean a' dol dheth leotha fhèin, barrachd sholas *sensor-controlled* agus feadhainn LED.

Ann an 2014/15 thog sinn fhìn £7.8 millean ann an teachd-a-steach – faisg air cairteal dhen teachd-a-steach againn gu lèir. Tha sinn a' neartachadh ar seasmhachd eaconamaich le fòcas leantainneach ga chur air iomairtean coimearsalta, togail airgid agus tro sponsaireachd.

[Page 15]

[STATS]

### 12.4 millean tasgadh nar cruinneachaidhean

27,000 tasgaidhean a-nise gan cur ann an cruth didseatach agus rim faicinn air ar làraich-lìn.

Tha sinn air 4,995 dealbhan a chur ris a' chruinneachadh dhidseatach thar na bliadhna a chaidh seachad, le dealbh de sofa Spencer House a thèid a taisbeanadh ann an gailearaidhean ùra an Taigh-thasgaidh Nàiseanta an ath-bhliadhna.

2,600 tasgaidhean gan leigeil a-mach air iasad air feadh an t-saoghail. Bha an slabhraidh airgead Cruithneach (san dealbh) aon rud an sreath de thasgaidhean a thugadh a-mach air iasad do Thaigh-thasgaidh an Rìgh aig Oilthigh Obar Dheathain airson taisbeanadh mu dheidhinn nan Cruithneach.

1.8 billean cothroman sna meadhanan air feadh an t-saoghail airson cluinntinn mu Thaighean-tagaidh Nàiseanta na h-Alba.

192,600 a' gabhail pàirt ann an cothroman ionnsachaidh

2 millean tursan a' coimhead nan dealbhan air Flickr

Tasgaidhean luach £538,000 gan ceannach le taic bhon *National Fund for Acquisitions* às leth Riaghaltas na h-Alba. An lùib seo bha tabhartas-airgid gu Ionad Ealain a' Chidhe an Arcaibh airson ceannach ìomhaigh a rinneadh le Barbara Hepworth, *Two Forms (Arcaibh)*, 1967 © Bowness

1.6 millean a' tadhail air an làraich-lìn

86,400 ceangal wi-fi aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba thar nan ciad sia mìosan

[Page 16-17]

### **Buidheachas**

Tha sinn fad an comain ar luchd-taice a tha air tabhartasan cho fialaidh a thoirt seachad do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba am bliadhna.

### **Prìomh bhuidhnean maoineachaidh**

Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta  
Riaghaltas na h-Alba

### **Urrasan agus buidhnean eile**

The Art Fund  
Association of Art Historians  
Barcapel Foundation  
Bernard Quaritch Ltd  
The Binks Trust  
Craft Scotland  
Alba Chruthachail  
Dunard Fund  
Comhairle Lòdainn an Ear  
Urras Esmée Fairbairn  
EventScotland  
The Fidelity UK Foundation  
The Henry Moore Foundation  
Alba Aosmhor  
The Hope Scott Trust  
The Inches Carr Trust  
The MacRobert Trust  
The Margaret Murdoch Charitable Trust  
The Morton Charitable Trust  
Nancie Massey Charitable Trust  
National Museums Scotland Charitable Trust  
Natural Environment Research Council  
The Paul Mellon Centre for Studies in British Art  
Players of People's Postcode Lottery  
The Robertson Trust  
The Ronald Miller Foundation  
The Scottish Egyptian Archaeological Trust  
The Scottish Oil Club  
ScottishPower Foundation  
Seaworld agus Busch Gardens Conservation Fund  
Royal Society of Biology  
The Tulip Charitable Trust  
The Wellcome Trust

The William Grant Foundation  
Viridor Credits

**Daoine fa leth agus dileaban**

Patricia Barclay  
Graeme agus Elaine Bisset  
Sandy Black  
Terry Brewis nach maireann  
Neil agus Katie Clyne  
Sir Robert Clerk  
Sir Sandy agus Lady Crombie  
Agnes J Cruickshank nach maireann  
Michael J Dean nach maireann  
James Ferguson  
Kenneth agus Julia Greig  
Sir Angus Grossart agus Lady Grossart  
The Dowager Duchess of Hamilton  
E & I Jamieson  
Barrie agus Janey Lambie  
Christine Lessels  
Lynda Logan  
Esther Lynn agus Richard Davidson  
Andy Macfie  
Ian agus Andrea MacAoidh  
Alan agus Anne MacPhàrlain  
Moira Nic a' Ghobhainn nach maireann  
Murchadh MacPhilip

Aonghas MacLeòid agus Caimbeul Armour  
Robert Mutter nach maireann  
Walter Nimmo  
Alexander Porteous  
Sir William Purves  
Anne agus Matthew Richards  
June G Rutterford  
Barry agus Helen Sealey  
George agus Moira Stewart  
Ian agus Flora Sword  
David agus Terri Warnock

**Taic Chorporra**

Baillie Gifford  
Investment Managers  
Diageo  
The Glenmorangie Company Ltd  
Zalando GmbH

**Buill Chorporra**

Allander Print Ltd  
Artemis Investment Management LLP  
Brewin Dolphin Ltd  
Diageo  
Shepherd agus Wedderburn  
Stewart Investors  
The Miller Group Ltd

**Luchd-taice**

Alan agus Karen Aitchison  
Geoffrey agus Mary Ball  
Patricia Barclay  
Malcolm Bowie  
Jennifer, Marchioness Bòd  
Morair Camshron à Loch Braoin agus Ban-mhorair Camshron  
Corinne Cervetti agus Adam Fowler  
Douglas agus Marjorie Connell  
Janice Dickson  
Norma Drummond  
Sir David agus Lady Edward  
Sir Gerald agus Lady Elliot  
Nick Felisiak  
Mr Justice Aonghas Foster agus Dr Fiona Foster  
Sir Charles agus Lady Fraser  
James agus Amanda Garden  
Gavin agus Kate Gemmell  
Morair Gòrdan à Srath Bhlathainn agus Ban-mhorair Gòrdon  
Ragnall agus Mirren Graham  
Lady Grant  
Alexander Gray  
Ivor Guild nach maireann  
Rosemary Haggarty  
Dòmhnall Hardie  
J Dùghlas Home  
Iarla agus Ban-iarla Hopetoun  
Flora Hunter  
Barrie agus Janey Lambie  
Roger Lindsay of Craighall  
Duncan agus Ellie MacKinnon  
Simon agus Catriona Mac an Tòisich  
Fenella Maclean  
Sir Seumas agus Ban-tighearna  
Chris agus Gill Masters  
Alexander agus Elizabeth McCall Smith  
Miller agus Anne MacIlEathain  
Angus McLeod agus Caimbeul Armour

Àrd-ollamh Calum MacLeòid  
Sir Ronald agus Lady Miller  
James agus Iris Miller  
Derek agus Maureen Moss  
Calum agus Muriel Murray  
Tom agus Susan Murray  
Nicholas agus Julia Parker  
Elisabeth Phimister  
Sir William Purves agus Lady Rebecca Purves  
Ian Rankin agus Miranda Harvey  
Jennifer agus John Reid  
Shirley Richardson  
Paul Roberts agus Stephanie Donaldson  
Iarla agus Ban-Iarla Rosebery  
Colin agus Hilary Ross  
June R Rutterford  
Barry agus Helen Sealey  
Baroness Smith of Gilmorehill  
Frances agus Alan Steel  
George agus Moira Stewart  
Ian agus Flora Sword  
Ian Tudhope agus Lindy Patterson  
An Dr Mark Urquhart  
Max Ward agus Lady Sarah Ward  
Elizabeth Whitelaw  
Graham Whyte agus Sarah Whitley  
Morair agus Ban-mhorair Wilson à Tillyorn  
Eilidh Wiseman  
Bill Zachs agus Martin Adam

**An t-Urras Ameireaganach airson Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

Kate agus Gordon Baty  
Prudence E Carlson agus family  
Daniel Casey agus Dolores Connolly  
Mr agus Mrs D Weston  
Darby Jnr  
Howard agus Ursula Dubin Foundation  
Charles A Edwards  
Mr agus Mrs Jeb Embree  
An t-Urr Andrew M Jergens  
Charles L Katzenmeyer  
David L Kerr  
James B Luke  
Uilleam C MacLeòid  
The Negaunee Foundation  
Terry Sheridan  
Andrew Shewan

Ellsworth G Stanton III  
Àrd-ollamhan Stephen Thomas agus Mrs Ellen Thomas  
Jane Trevarthen-Traub  
K T Wiedemann Foundation  
Graham Zuill

**Agus cuideachd an fheadhainn nach robh airson an ainm aca a chumail dìomhair.**

Bu chaomh leinn taing cuideachd a thabhainn do gach neach a tha air stiùireadh,  
comhairle agus ùine a thoirt seachad a' cumail taic ri obair Thaighean-tasgaidh  
Nàiseanta na h-Alba.

**Bòrd nan Urrasairean**

Bruce Minto OBE, Cathraiche  
Àrd-ollamh Christopher Breward  
An Dr Isabel Bruce OBE  
Gordon Drummond  
Chris Fletcher  
An Dr Anna Gregor CBE  
Andrew Holmes  
An Dr Brian Lang  
Lynda Logan  
An Dr Catriona Dhòmhnallach  
Miller MacIIEathain

Àrd-ollamh Walter Nimmo CBE  
James Troughton  
Eilidh Wiseman

**Am Bòrd Leasachaidh**

Malcolm Offord, Cathraiche  
Colin Dempster  
Michael Laing OBE  
Lynda Logan  
Bruce Minto OBE  
Àrd-ollamh Walter Nimmo CBE  
Leith Robertson  
Lady Shona Stewart  
Eric Young

**Bòrd an Urrais Ameireaganaich airson Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

A J C Smith, Cathraiche  
Christopher R Gow  
Frederick B Whittemore

**Bòrd Iomairtean Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

Gordon Drummond, Cathraiche  
Bruce Minto OBE

An Dr Gordon Rintoul, CBE  
David Spilsbury  
Stephen Whitelaw  
Julie Wilson

**Pannal Comhairleachaidh air Saidheans agus Teicneòlas**

Àrd-ollamh Mary Bownes OBE  
An Dr Simon Gage OBE  
Àrd-ollamh John Oberlander  
Heather Reid OBE  
An Dr Ian Ritchie CBE  
Àrd-ollamh Sir John Savill  
Àrd-ollamh Wilson Sibbett  
Àrd-ollamh Chris van der Kuyl  
Àrd-ollamh Graham Wren

Bu mhath leinn taing shònraichte a thabhainn do dh'Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba 'son an taice leantainn a thaobh ar n-obrach.

**Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

James Ferguson, Cathraiche  
Dr Isabel Bruce OBE  
The Hon Mrs Kathleen Dalyell of The Binns  
Lady Elizabeth Edward  
Jo Elliot  
Dòmhnall Hardie OBE  
Bruce Minto OBE  
Martin Sinclair

Ma tha thu a' lorg barrachd fiosrachaidh air dol an sàs ann, no a' cumail taic ri, obair nan Taighean-tasgaidh, feuch is cuir fios chun Sgioba Leasachaidh aig 0131 247 4095 no [development@nms.ac.uk](mailto:development@nms.ac.uk)

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' cumail cùram ri cruinneachaidhean de thasgaidhean aig a bheil inbhe aig ìre eadar-nàiseanta, gan glèidheil agus eadar-mhìneachadh dha farsaingeachd dhaoine.

**Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba**

**Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich**

**Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dùthchail**

**Taigh-tasgaidh Nàiseanta Cogaidh**

**Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta**

Gheibhear an Aithisg agus Cunntasan Bliadhna aig [www.nms.ac.uk/review](http://www.nms.ac.uk/review)

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba  
Sràid nan Seòmar



Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789

info@nms.ac.uk

www.nms.ac.uk

Airson barrachd fiosrachaidh air na taighean-tasgaidh agus air obair Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba theirig gu [www.nms.ac.uk/review2015](http://www.nms.ac.uk/review2015)

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Carthannas Albannach Àir. SC 011130

Tha an lèirmheas seo cuideachd ri fhaighinn ann an clò mòr, am Braille agus air CD.